






## Ceàrn, co-chothromachd agus cruth-atharrachadh

Teirmean	Eisimpleirean	Mìneachadh
Ceàrn caol		Ceàrn nas mothu na $0^\circ$ agus nas lugha na $90^\circ$ .
Ceàrn-mu-seach		Far a bheil dà loidhne dhìreach air a gearradh le treas loidhne mar a chithear sna diagraman, tha ceàrnan d agus e (c agus f cuideachd) mu-seach. Far a bheil an dà loidhne dhìreach co-shìnte, tha ceàrnan-mu-seach co-ionann.



## Ceàrn, co-chothromachd agus cruth-atharrachadh

Ceàrn		<p>Tha ceàrn a' tomhas an uimhir de 'tionndadh' eadar dà loidhne dhìreach a tha a' coinneachadh aig gob (puing). Tha ceàrnan air an seòrsachadh a rèir a meud, me. faodaidh iad a bhith farsaing, caol, ceart, is eile. Tha iad air an tomhas ann am puingean (<math>^{\circ}</math>), a' cleachdadh protractair.</p>
Axis		<p>Loidhne-lorgaidh shuidhichte bho bheil làraichean, astaran no ceàrnan air an toirt. Gu h-àbhaisteach, tha axis x agus axis y ann an cliathan.</p>
Cùrsaichean		<p>Tha cùrsa ga chleachdadh gus àird puinge a tha dàimheach do phuing eile a riochdachadh. Is e an àireamh de phuingean sa cheàrn a tha air a thomhas ann an àird dheasail bhon loidhne gu tuath.</p> <p>San eisimpleir seo, tha an cùrsa NBA <math>205^{\circ}</math>. Tha cùrsaichean gu bitheanta air an cleachdadh ann am maraireachd.</p>


## Ceàrn, co-chothromachd agus cruth-atharrachadh

Cearcall-tomhas	 Cearcall-tomhas	An t-astar timcheall clearcall (no cumadh lùbte eile).
Combaist (ann an àirdean)		Ionnsramaid anns a bheil puingear air a mhagnaiteadh, a tha a' sealltainn na h-àird a tuath mhagnaitich agus cùrsaicichean bhuaipe. Air a chleachdad gus cuideachadh le lorg àiteachan agus àirdean.
Puingean combaist		Air a chleachdad gus cuideachadh le lorg àiteachan agus àirdean.  Tuath, Deas, An Ear, An Iar, (N, S, E, W), An Ear-thuath (NE), An Iar-dheas (SW), An Iar-thuath (NW), An Earra-dheas (SE) a thuilleadh air: <ul style="list-style-type: none"> <li>• NNE (tuath gu an ear-thuath),</li> <li>• ENE (an ear gu an ear-thuath)</li> <li>• ESE (an ear gu an earra-dheas)</li> <li>• SSE (deas gu an earra-dheas)</li> <li>• SSW (deas gu an iar-dheas)</li> <li>• WSW (an iar gu an iar-dheas)</li> <li>• WNW (an iar gu an iar-thuath)</li> <li>• NNW (tuath gu an iar-thuath)</li> </ul>



## Ceàrn, co-chothromachd agus cruth-atharrachadh

<b>Ceàrnan co-phàirteach</b>		Dà cheàrn a tha a' tighinn còmhla gu $90^\circ$ . Tha gach aon na cho-phàirt den fhear eile.
<b>Siostam co-chomharran</b>		Siostam a tha a' cleachdadh aon àireamh no barrachd, no co-chomharran, gus suidheachadh puinge ann am farsaingeachd a dhearrbadh, me (4,8) air cliath le axis còmhnard agus dìreach. Tha axis y dìreach agus axis x còmhnard.
<b>Ceàrnan co-fhreagarrach</b>		Nuair a tha dà loidhne air an trasnadh le loidhne eile (ris an canar an tar-trasnaidh), canar ceàrnan co-fhreagarrach ris na ceàrnan anns na h-oiseanan a tha a' maidseadh. Nuair a tha an dà loidhne co-shìnte tha na ceàrnan co-fhreagarrach co-ionann.


## Ceàrn, co-chothromachd agus cruth-atharrachadh

Fuincsean co-shìneis ann an triantanachd	 <p>A right-angled triangle with a horizontal base labeled 'Dlùth' and a vertical height labeled 'Mu choinneamh'. The hypotenuse is labeled 'Hypotenuse'. An angle 'x°' is shown at the bottom vertex. A small square indicates the right angle.</p> <p><math>\text{Cos } x^\circ = \text{dlùth} / \text{hypotenuse}</math></p>	Co-shìneas (x) = Dlùth / Hypotenuse
Puing		An t-aonad tomhais as cumanta airson ceàrnan. Tha aon tionndadh slàn co-ionann ri 360 puing, sgriobhte $360^\circ$
Cànan chùrsaichean	 <p>A circular compass rose with a yellow background. It features major cardinal directions (N, S, E, W) and intercardinal directions (NE, SE, SW, NW). The compass is mounted on a wooden surface.</p>	<p>Cleachd measgachadh de dh'fhacail gus cuideachadh le càrsaichean, leithid:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• clì, deas, suas, sìos, air adhart, air ais, leth-thaobhach, tarsainn, faisg, fada, air fad, gu, bho, thairis, fo.</li> <li>• càrsa, faisg, tro, a dh'ionnsaigh, air falbh bho, fo, cairteal-chuaire, leth-chuaire, cuairt trì-chairteal, cuairt ionlan, turas, slighe, deasail, tuathal, Tuath, Deas, An Ear, An Iar (N, S, E, W).</li> <li>• mapa, plana, puing combaist, tuath, deas, an ear, an iar (N, S, E, W).</li> <li>• còmhnaid, dìreach, trastanach, deasail, tuathal, Tuath, Deas, An Ear, An Iar (N, S, E, W), An Ear-thuath (NE), An Iar-dheas (SW), An Iar-thuath (NW), An Earra-dheas (SE).</li> <li>• NNE (tuath gu an ear-thuath), ENE (an ear gu an ear-thuath), ESE (an ear gu an earra-dheas), SSE (deas gu an earra-dheas), SSW (deas gu an iar-dheas), WSW (an iar gu an iar-dheas), WNW (an iar gu an iar-thuath), NNW (tuath gu an iar-thuath).</li> </ul>


## Ceàrn, co-chothromachd agus cruth-atharrachadh

<b>Ceàrn a-muigh</b>		Ann am poileagan, tha ceàrnan a-muigh gan cruthachadh a-muigh eadar aon taobh agus an taobh dlùth. Is e seo an ceàrn a dh'fheumar a thionndadh aig a' ghob ma tha thu a' siubhal timcheall cumadh.
<b>Comharran clèithe</b>		<p>Cuideachadh le suidheachadh a chomharrachadh dàimheach do sgèile ann an cursaichean còmhnaid no dìreach air duilleag no air sgrion. Faodaidh an sgèile litrichean no àireamhan a chleachdadh no coimeasgachadh de na dhà. San eisimpleir seo, tha na comharran clèithe ann an camagan.</p> <p>Tha a' chiad àireamh sa chomharra clèithe a' toirt iomradh air an t-suidheachadh air axis x agus tha an dàrna àireamh a' toirt iomradh air an t-suidheachadh air axis y.</p>
<b>Leth-chuairt</b>		Cuart tro $180^\circ$
<b>Hypotenuse</b>		An taobh as fhaide ann an triantan ceart-cheàrnach. Is e sin an taobh mu choinneamh a' cheàirn cheart.



## Ceàrn, co-chothromachd agus cruth-atharrachadh

Ceàrn a-staigh		Aig gob cumaidh, na ceàrnan a tha nan laighe an taobh a-staigh dheth.
Ceàrn farsaing		Ceàrn a tha barrachd na $90^\circ$ ach nas lugh a $180^\circ$ .
Ceàrnan mu choinneamh		Ceàrnan air an cruthachadh far a bheil roinnean dà loidhne a' trasnadh. San diagram tha 'a' mu choinneamh 'c' agus 'b' mu choinneamh 'd'. Cuideachd air an ainmeachadh mar cheàrnan direach mu choinneamh (a chèile).


## Ceàrn, co-chothromachd agus cruth-atharrachadh

Òrdugh (ann an co-chothromachd)	 <b>Gun co-chothromachd chuaireil</b>	 <b>Co-chothromachd Òrdugh 3</b>	An àireamh de thursan a ghabhas cumadh a chuairteachadh agus a fhreagairt gu dìreach air uachdar a' chiad shuidheachaidh aige an taobh a-staigh cuairt ionlan.
<u>Loidhnichean co-shìnte</u>	 		Tha loidhnichean co-shìnte ma tha iad an-còmhnaidh an t-aon astar bho chèile (ris an canar "co-astarail"), agus nach coinnich gu bràth. An seo tha 'm' agus 'n' co-shìnte.

## Ceàrn, co-chothromachd agus cruth-atharrachadh


		
Loidhnichean ceart-cheàrnach		Loidhnichean a tha aig ceart-cheàrnan ( $90^\circ$ ) ri chèile.
Pi	 $\pi = \text{Cearcall-tomhas} \div \text{Trast-tomhas}$	Co-mheas cearcall-tomhas ri a threst-tomhas. Co-ionann ri $3.14159265358979323846\dots$ (tha na figearan a' dol air adhart gun chìch gun an ath-nochdad). Tha Pi glè thric air a chruinneachadh 2 ionad deicheach gu 3.14

## Ceàrn, co-chothromachd agus cruth-atharrachadh

Cànan suidheachail		Cleachd measgachadh de dh'fhacail gus iomradh a thoirt air suidheachadh, leithid: <ul style="list-style-type: none"> <li>• thairis, fo, os cionn, gu h-iosal, mullach, bonn, taobhach, ann, a-muigh, a-staigh.</li> <li>• mu thimcheall, air beulaibh, air cùlaibh, aghaidh, cùl, ro, às dèidh, ri taobh, ri taobh, meadhan.</li> <li>• mu choinneamh, air leth, eadar, oir, oisean, is eile.</li> </ul>
Protractair		Ionnsramaid airson ceàrnan a thomhas no a tharraing, gu h-àbhaisteach ann an cruth leth-clearcaill air a chomharrachadh le puingean fad oir lùtte.

## Ceàrn, co-chothromachd agus cruth-atharrachadh

### Teòram Pythagoras



Ann an triantan ceart-cheàrnach, tha ceàrnag an taoibh fhaide (**hypotenuse**) co-ionann ri sùim nan ceàrnagan air an dà thaobh eile. Tha e air aithris san fhoirmle seo:

$$a^2 + b^2 = c^2$$

Chaidh Teòram Pythagoras a chur air bhonn le Pythagoras à Samos, feallsanaiche agus matamataigear Greugach.

## Ceàrn, co-chothromachd agus cruth-atharrachadh

Ceathramhan (ann an graf)		Aon sam bith de na 4 farsaingeachdan a tha dèante nuair a roinneas sinn graf le axis x agus axis y.
Cairteal-chuairt		Cuairt tro $90^\circ$ . Faodaidh seo a bhith air càrsa sam bith: deasail no tuathal.
Co-mheas		<p>Tha co-mheas a' sealltainn meudan dàimheach dà luach no barrachd. Faodaidh co-mheasan a bhith air an taisbeanadh ann an diofar dhòighean, a' cleachdadh an ":" no mar àireamh shingilte le bhith a' roinn aon luach leis an iomlan.</p> <p><i>me. Ma tha 1 bhalach agus 3 nigheanan ann, dh'fhaodadh tu an co-mheas a sgrìobhadh mar:</i></p> <p><i>1:3 (airson gach 1 bhalach tha 3 nigheanan)</i></p> <p><i>1/4 dhiubh nam balaich agus 3/4 nan nigheanan</i></p> <p><i>0.25 nam balaich (le bhith a' roinn 1 le 4)</i></p> <p><i>25% nam balaich (0.25 mar cheudad)</i></p>

## Ceàrn, co-chothromachd agus cruth-atharrachadh

<b>Co-chothromachd Faileis agus Co-chothromachd Loidhne</b>		<p>Nuir a tha 'iomhaigh sgàthain' aig iomhaigh no aig nì, tha gach taobh co-ionann.</p> <p>Tha co-chothromachd a' dol seachad air cumaidhean simplidh gus iomhaighean fior agus diofar chruthan de cho-chothromachd a rannsachadh, me. co-chothromachd chuartail.</p>
<b>Ceàrn ceart</b>		Ceàrn de $90^\circ$
<b>Co-chothromachd chuartail</b>		<p>Tha co-chothromachd chuartail aig cumadh nuair a tha e fhathast a' coimhead gun atharrachadh às dèidh cuairteachadh.</p> <p>Canar an t-Òrdugh ris an àireamh de thursan a tha e a' nochdadh.</p> <p>Tha 'co-chothromachd Òrdugh 5' aig a' chumadh rionnaig seo.</p>

## Ceàrn, co-chothromachd agus cruth-atharrachadh

### Sgèile



Co-mheas an fhaid ann an dealbh (no modail) ri fad an fhior rud. Tha co-mheasan gan cleachdadh gus ìomhaigh, dealbh tharraingte, modail is eile, a mheudachadh no a lùghdachadh. me. Tha am modail càir seo air a thogail ann an co-mheas 1:43, a' ciallachadh gu bheil an càr fior 43 tursan nas motha.



### Dealbhan sgèile






Sunroom	Seòmar-gréine	Balcony/Patio	Balconaidh/paitio
Fireplace not available on all floors	Chan eil àite-teine air gach lár	Master Bedroom	Príomh sheòmar-cadail
Living Room	Seòmar-suidhe	Walk-in closet	Clòsaid
Dining Area	Seòmar-bidh	Bath	Amar
Kitchen	Cidsin	Closest	Taigh-beag

Dealbh a tha a' sealltainn rud fior le meudan ceart air an lùghdachadh no air am meudachadh uimhir sònraichte. me. tha am plana-ùrlair seo airson taigh a' toirt seachad thomhasan ceart cho math ris na co-mheasan fior airson an taighe fhèin.



## Ceàrn, co-chothromachd agus cruth-atharrachadh

Ionannachd (ann am modaileadh)		A bhith comasach air facatar sgèile a tha a' ceangal dà fhigear ionann, obrachadh a-mach agus a chleachdad. Tha seo a' cuideachadh nuair a thathar a' dèanamh mhodailean sgèile me. <i>Modailean de mhuiilnean-gaoithe.</i>
Fuincsean sìneis	 <p>Sineas (<math>x</math>) = Mu choinneamh / Hypotenuse</p>	
Ceàrn dìreach		Ceàrn de 180 puing. Is e loidhne dhìreach a th' ann an ceàrn dìreach.
<u>Ceàrnan co-leasachail</u>		Ceàrnan a tha a' tighinn gu 180 puing.

## Ceàrn, co-chothromachd agus cruth-atharrachadh

<u>Beantan</u>		Is e loidhne dhìreach a th' ann am beantan a tha a' suathadh trast-tomhas clearcaill ann an aon àite a-mhàin.
Fuincsean beantain ann an triantanachd	 <p><math>\tan x^\circ = \text{mu choinneamh} / \text{dlùth}</math></p>	Beantan ( $x$ ) = Mu choinneamh / Dlùth
<u>Leacadh</u> no Taidhleadh		Pàtran dèante de chumaidhean co-ionann far a bheil na cumaidhean a' freagairt air a chèile gun bheàrnan sam bith agus nach eil na cumaidhean a' tar-shìneadh.

## Ceàrn, co-chothromachd agus cruth-atharrachadh

Cuairt trì-chairteal		Cuaireachadh tro $270^\circ$ Tha seo co-ionann ri trì cearnan ceart ( $3 \times 90^\circ$ ).
<b>Cruth-atharrachadh</b>		Ag atharrachadh cumadh a' cleachdadh cuaireachadh (cuairtean), faileas-sgàthain (tionndaidhean), eadar-ghluasad (slaighdean) no ga ath-mheudachadh.
<b>Eadar-ghluasad</b>		Aithnichte air an làimh eile mar 'slaighdeadh' cumadh le bhith ga għluasad gun a chuaireachadh no a thionndadh. Tha an cumadh a' coimhead direach mar a bha e ach direach ann an àite diofraichte.
<b>Triantanachd</b>		Tha triantanachd a' ciallachadh sgrùdadh air triantan. Is urrainn dha cuideachadh le luachan neo-aithnichte air taobhan no ceàrnan triantain a lorg, ma tha aithne air luachan eile. Tha mòran fhoirmlean gan cleachdadh airson cuideachadh le seo. Tha fuincseanan triantanachd aithniche mar sìneas, co-shineas agus beantan.
Gob (singilte) no goban (iolra)		'Oisean' no oiseanan air nì 3D. Puing(ean) far a bheil dà loidhne no barrachd a' coinneachadh.
Cuairt iomlan		Cuaireachadh tro 360 puing – cuairt iomlan.